

gealladh nan corrag beaga




Cò mu dheidhinn a tha an aithisg seo?

San Dàmhair 2016 gheall Prìomh Mhinistear na h-Alba, Nicola Sturgeon, dha feadhainn a bha fo chùram gun dèanadh Alba na b' fheàrr. Thuirt i gun tigeadh Alba còmhla gus gràdh a nochdadh dhan chloinn as so-leònte, agus an togail a thoirt dhaibh air a bheil iad airidh.

Gus seo a choileanadh, thuirt i gum bu chòir dha Sgrùdadadh Neo-eisimeileach a' Chùraim a bhith ga stèidheachadh.

Dh'fheumadh Sgrùdadadh a' Chùraim gach guth a chluinntinn. Dh'fheumadh e cluinntinn bhon chloinn is teaghlaichean as fheàrr a tha eòlach air 'siostam a' chùraim' – an fheadhainn a dh'fhiorsaich e.




**Agus son trì bliadhna, eadar an Gearran
2017 is an Gearran 2020, shiubhail Sgrùdad
a' Chùraim air feadh Alba gus èisteachd
gu geur ri còrr is 5,500 neach.**

'S e bh' ann am barrachd is an dàrna leth dhiubh clann is inbhich a bh' air a bhith 'fo chùram'. Dh'innis iad dha Sgrùdad a' Chùraim dè dh'fheumadh atharrachadh.

Bhruidhinn mòran theaghlaichean cuideachd ri Sgrùdad a' Chùraim mu na dh'fhiosraich iad. Bhruidhinn mar an ceudna feedhainn a bha ag obair ann an 'siostam a' chùraim'.

Bha a h-uile càil a rinn Sgrùdad a' Chùraim stèidhichte air na chuala e. Tha a h-uile càil a leughar san aithisg seo stèidhichte air na chuala e.

**Tha gealladh aig Alba mar-thà gum fàs
clann ann an gràdh, gu sàbhailte is le
urram. Chuala Sgrùdad a' Chùraim nach bi
seo a' tachairt an-còmhnaidh. Feumaidh sin
atharrachadh.**



Gealladh na h-Alba

Chuala Sgrùdadh a' Chùraim gum feum Alba atharrachadh a thoirt air ciamar a bheirear cùram dha cloinn.

Ghabh Sgrùdadh a' Chùraim ris na chuala e agus chuir e cùisean an òrdugh ann an diofar bhuidhnean. Tha na buidhnean fa leth sin ag innse dha Alba ciamar a bheir i cùram nas fheàrr dha cloinn. Canaigh Sgrùdadh a' Chùraim na 'Bunaitean' ris na buidhnean sin.



Guth: Nuair a bhruidhneas clann, feumaidh inbhich èisteachd riutha gu ceart. Feumaidh inbhich a bhith cinnteach gun toirear feart dha cloinn mu cho-dhùnaidhean a bheir buaidh air am beatha.

Teaghlach: Ma tha clann a' fuireach len teaghlach is iad sàbhailte is a' faireachdainn gràdh, bu chòir dhaibh fuireach an sin. Bu chòir an teaghlach gach taic fhàlghinn son fuireach còmhla. Ma tha taic a-bharrachd a dhìth orra nuair a bhios cùisean duilich, bu chòir gum faighear sin.


Cùram: Mur faod clann fuireach còmhla ris na h-inbhich nan teaghlach, fuirichidh iad lem bràithrean is am peathraighean. Bidh an dachaigh sa bheil iad a' fuireach còmhla na h-àite far am fairich iad sàbhailte is gràdhaithe. Bu chòir gum bi i na dhachaigh dhaibh cho fada is a thoilicheas iad is a dh'fheumas iad i.

Daoine: Tha dàimhean luachmhor. Feumaidh inbhich a bhith cinnteach gum faigh clann air fuireach faisg air an fheadhainn a tha iad ag iarraidh agus conaltradh riutha. Feumaidh inbhich clann a chuideachadh gus dàimhean ùra a thogail fhad's a tha iad a' fàs. Feumaidh inbhich taic corra uair cuideachd. Feumaidh na h-inbhich a tha faisg air cloinn cuideachadh fhaighinn a tha a dhìth gus an dèan iad an dìcheall dhan cuid cloinne.

Taic: Feumaidh taic is cuideachadh a bhith ann dha cloinn is teaghlaichean uair sam bith a tha iad a dhìth orra. Feumaidh iad a bhith ann cuideachd dha na h-inbhich a tha faisg air cloinn is teaghlaichean. Tha e riatanach gum bi fios aig a h-uile duine càit an tèid iad son taic is gum bi i deiseil dhaibh nuair a dh'iarrar i.

Guth

Nuair a bhruidhneas clann, feumaidh inbhich èisteachd riutha gu ceart. Feumaidh inbhich a bhith cinnteach gu bheileas a' toirt feart air cloinn mu co-dhùnайдhean a bheir buaidh air am beatha.



Bu chòir gum faod clann daoine anns a bheil earbsa aca a thoirt a-steach ann an àitichead far an dèanar co-dhùnайдhean man deidhinn agus bu chòir èisteachd riutha-san cuideachd.

Chuala Sgrùdadadh a' Chùraim bho mhòran chloinn is teaghlaichean nach d'fhuair èisteachd. Thug seo orra faireachdainn gum b' fhiach beachdan càich barrachd na an cuid bheachdan fhèin mum beatha fhèin.

Thuirt feedhainn a tha ag obair le cloinn is teaghlaichean ri Sgrùdadadh a' Chùraim, cho duilich is a tha na co-dhùnайдhean sin, is gu tric nach èistear riutha-san a-bharrachd.

Feumaidh sin atharrachadh.

Feumaidh Alba a bhith cinnteach gu bheil a h-uile co-dhùnadh air a bhonntachadh air miann is feuman na cloinne. Le sin, feumaidh buidhnean is daoine a nì co-dhùnайдhean an dòigh sa bheilear a' smaoineachadh is ag èisteachd atharrachadh.

Tha e riatanach gun sgaoilear am fiosrachadh ceart aig an àm cheart agus gun èistear ris an fheadhainn a tha faisg air cloinn.

Feumaidh co-dhùnadh feart a thoirt air ciamar a ghabhas dàimhean a tha luachmhor do chloinn a dhòn.

Dh'innis clann a bha a' fuireach san t-'siostam cùraim' dha Sgrùdadadh a' Chùraim gu bheileas ag iarraidh gràdh fhaotainn ach gur tric nach do dh'fhairich iad e. Feumaidh sin atharrachadh cuideachd.

Chan fheum Alba riaghailtean mu ghràdh.
Chan ann mu riaghailtean a tha gràdh. 'S e a tha cudromach gum bithear a' gràdhachadh cloinne is gum bi iad a' faireachdainn gu bheileas gan gràdhachadh. Thuirt clann gu bheileas ag iarraidh dòn a chur air na dàimhean a tha cudromach dhaibhsan agus leigeil leotha fàs.

Chuala Sgrùdadadh a' Chùraim gu bheil clann den bheachd gu bheil cus smachd aig càch air an fiosrachadh mum beatha.

Feumaidh sealbh a bhith aig clann is daoine òga air an eachdraidh fhèin gus am bi smachd aca air dè as aithne do dhaoine man deidhinn agus cuin a gheibhearr am fiosrachadh.

Chuidich Sgrùdadadh a' Chùraim le uidheamachd ùr didseatach a dhealbh a chuidicheas le fiosrachadh a sgaoileadh gu sàbhailte. Feumaidh Alba leantainn leis an obair sin.

Chuala Sgrùdadadh a' Chùraim bho mhòran dhaoine a tha a' coimhead às dèidh agus a' cuideachadh le cloinn. Thuirt iad gur tric nach aithne dhaibh cuin a dh'fhaodadh iad innse mun fiosrachadh a bh' aca. Bha imcheist orra cuideachd cò dha a dh'fhaodadh iad fiosrachadh innse. Nuair a bhite a' sgaoileadh fiosrachadh, dh'innis feedhainn dha Sgrùdadadh a' Chùraim nach bite daonnan ag èisteachd ris. Feumaidh sin atharrachadh.

Chan e dìreach an fheadhainn a tha a' coimhead às dèidh cloinne a dh'fheumas èisteachd nas fheàrr, feumaidh buidhnean is Riaghaltas na h-Alba cuideachd. Feumaidh fheadhainn le cumhachd cumail orra èisteachd ri cloinn, gus nach fheum Alba Sgrùdadadh Cùraim a chumail tuilleadh.

Chuala Sgrùdadadh a' Chùraim mòran mu Shiostam Èisteachd na Cloinne le iomadh leanabh is teaghlach ag ràdh gu robh na h-Èisteachdan glè dhuilich dhaibh.

Feumaidh Siostam Èisteachd na Cloinne atharrachadh. Bu chòir dhan t-siostam cuimseachadh air a' chloinn is na teaghlaichean a nochdas ma choinneamh.

Feumaidh Alba a bhith cinnteach gu bheileas a' dòn còraichean laghail cloinne, gu h-àraidh nuair a nithear co-dhùnaidhean mu bhràithrean is peathraighean. Feumaidh fios a bhith aig cloinn cuin a nithear co-dhùnaidhean mum bràithrean is am peathraighean.

Chuala Sgrùdadh a' Chùraim gur tric nach fhaigh clann air an guth a thogail aig Èisteachdan son iomadh adhbhar. Feumar èisteachd ri cloinn aig Èisteachdan agus ma dh'fheumas iad taic gus am beachd a thoirt seachad bu chòir sin a thoirt dhaibh.

Corra uair nithear na co-dhùnaidhean ceàrr.
Nuir a thachras seo, feumaidh fios a bhith aig cloinn co ris a bhruidhneas iad gus an rannsaichear seo, agus feumaidh iad an taic fhaighinn gus a thoirt gu buil.

Chan fheum ach clann a dhol gu Èisteachdan an-dràsta. Feumaidh Alba smaoineachadh gu cruaidh am feum i toirt air Ùghdarrasan lonadail, teaghlaichean is luchd-obrach sòisealta a dhol gu Èisteachdan. Le seo, bhiodh fios aig gach neach a chaidh a ràdh riutha aig Èisteachd rudeigin a dhèanamh, gum feumadh iad a dhèanamh agus a bhith cinnteach gun tachair e.

Chuala Sgrùdadh a' Chùraim bho chloinn is bho dhaoine òga aig an robh trioblaid leis a' phoileas. Corra uair, rinneadh seo mòran na bu duilghe na bha còir aige a bhith. Feumaidh Siostam Èisteachd na Cloinne dèiligeadh ri cùisean dhan mhòr-chuid de chloinn. Chan e Cùirt an t-Siorraim an t-àite ceart dha cloinn.

Tha Alba an eisimeil saor-thoilich son co-dhùnaidhean a ruighinn aig Èisteachdan. Chuala Sgrùdadh a' Chùraim gu bheil seo a' ciallachadh nach biodh cùisean an-còmhnaidh ag obair cho math is a bu chòir. Feumaidh Alba coimhead air roghainnean eile.

Feumaidh Alba a bhith cinnteach gun cuir Siostam Èisteachd na Cloinne taic thràth ri cloinn is teaghlaichean gus nach dèanar co-dhùnaidhean cabhagach.



Teaghlaich

Ma tha clann a' fuireach còmhla rin teaghlaich is iad toilichte is a' faireachdainn gràdh, bu chòir dhaibh fantainn an sin. Bu chòir dhan teaghlaich gach taic fhaighinn son fuireach còmhla. Ma dh'fheumas iad tuilleadh taic nuair a bhios cùisean duilich, bu chòir gum faigh iad sin.

Chuala Sgrùdadadh a' Chùraim bho mhòran cloinne a thuirt nach fhoghain an taic a tha iad a' faighinn an-dràsta. Thathas a' faireachdainn uaireannan gu bheileas a' toirt breith orra. Feumaidh corra theaghlaich tuilleadh taic na feedhainn eile. Chan eil seo ach nàdarra. Cha bu chòir dha duine toirt aig neach faireachdainn an-fhoiseil son taic iarraidh.



Chuala Sgrùdadadh a' Chùraim bho chloinn is teaghlaichean a shaoil gum faodadh iad a bhith air fuireach còmhla nam biodh iad air taic a-bharrachd fhaighinn nuair a bha i a dhìth. Dh'fhairich iad gun tainig taic uaireannan ro anmoch.

Feumaidh tuilleadh taic a bhith ann dha gach teaghlaich gus an cuidich Alba dha-rìribh le teaghlaichean soirbheachadh còmhla.

Feumaidh àitichean a bhith aig gach coimhleasachd an Alba far am faod teaghlaichean a dhol son a bhith càirdeil is gus taic fhaotainn ma tha i a dhith.

Chuala Sgrùdadadh a' Chùraim cho duilich is a tha e dha teaghlaichean le uallach nach bi airgead gu leòr aca son tighinn beò. Dh'innis teaghlaichean dha Sgrùdadadh a' Chùraim gur tric a dh'fheumas iad co-dhùnaidhean duilich a ruighinn air sgàth dith airgid.

Feumaidh Alba spàирн a dhèanamh gus am bi airgead gu leòr aig gach teaghlaich gus tighinn beò.

Chuala Sgrùdadadh a' Chùraim mòran mu shlàinte inntinn is cho duilich is a tha e cuideachadh fhaighinn. Feumaidh sin atharrachadh. Cha bu chòir gum feum clann is teaghlaichean feitheamh cho fada gus am faigh iad an taic a tha a dhìth orra.

Feumaidh tuilleadh taic a bhith ann dhan a h-uile teaghlaich a rèir feuma. Ged a bheirear clann air falbh bho na teaghlaichean, feumaidh an teaghlaich an taic a tha a dhìth fhaighinn fhathast.

Dh'èist Sgrùdadh a' Chùraim ri na dh'fheumas gach teaghlaich. Thuirt teaghlaichean gum feumadh iad:

- taic a bhith faisg air far a bheil iad a' fuireach.** Bu chòir taic a bhith ann far a bheil teaghlaichean. Bu chòir dhith a bhith sna coimhearsnachdan aca agus faisg air an àite sa bheil iad a' fuireach.
- taic a bhith ann nuair a bhios feum oirre:** Chan eil math dha taic a bhith ann dìreach Diluain gu Dihaoine eadar 9 sa mhadainn is 5 air an oidhche. Feumaidh taic a bhith ann nuair a bhios i a dhìth air teaghlaichean. Faodadh seo a bhith uair is là sam bith den t-seachdain.
- daoine a bhith a' tuigsinn cò air a bheil iad math:** Feumaidh luchd-taic nan teaghlaich èisteachd ris na teaghlaichean gus tuigsinn dè a tha ag obair gu math is dè nach eil.
- barrachd smachd air am beatha:** Feumaidh guth a bhith aig clann is teaghlaichean mun fheadhainn a tha gan cuideachadh. Tha dàimhean cudromach is tha e riatanach gum bi càirdeas is earbsa eadar clann is teaghlaichean is an luchd-taic.



cuideachadh le atharrachadh nuair a dh'atharraicheas an cuid feuman: Feumaidh teaghlaichean rudan eadar-dhealaichte aig diofar amannan. Bidh cùisean cruaidh corra uair is uaireannan fàsaidh iad nas fheàrr. Feumaidh taic atharrachadh cuideachd. Feumar gum faod teaghlaichean innse dè tha a dhìth orra agus an taic fhaighinn gus an tachair e. Le sin, corra uair bidh coltas eadar-dhealaichte air taic agus tha sin ceart gu leòr.

taic dha teaghlaichean slàn: Feumaidh an teaghlaich gu lèir an taic a tha dhìth fhaighinn. Mur nach eil ach aon neach a' faighinn taic, bidh e fhathast duilich dha càch.

taic an cuid eachdraidh a thuigsinn: Is dòcha gun do thachair droch rudan dha daoine ann an teaghlaichean roimhe seo. Is dòcha gu bheil cuid de rudan fhathast duilich dhaibh air sgàth seo. Cha bu chòir taic cuimseachadh dìreach air na tha duilich an-dràsta, ach feumar tuigsinn carson a tha e duilich.



- **gun a bhith faireachdann gu bheileas**
a' toirt breith orra: Feumaidh luchd-cuideachaидh nan teaghlaich smaoineachadh ciamar a tha teaghlaichean a' faireachdann. Cha bu chòir dhaibh a bhith a' cleachdad facail a tha doirbh a thughsinn. Cha bu chòir dhaibh tighinn ann an càraichean le ainmean bhuidhnean orra is cha bu chòir braistean ainme a bhith orra. Tha an leithid sin a' toirt air cloinn is teaghlaichean faireachdann eadar-dhealaichte. Feumaidh gach neach taic uair no uaireigin. Chan eil clann is teaghlaichean a gheibh taic eadar-dhealaichte is cha bu chòir toirt orra faireachdann gu bheil.
- **taic a bhith ann cho fada is a tha i a dhìth:**
Feumaidh taic a bhith ann cho fada is tha i a dhìth air an teaghlaich. Tha e nàdarra dha teaghlaich sgur a chur feum air taic agus feum a chur oirre uairean eile a-rithist.
- **taic gus am faigh clann na tha a dhìth orra:** Tha càraichean is sochairean laghail aig cloinn. Feumaidh taic a bhith stèidhichte air càraichean is sochairean laghail gus am bithear cinnteach gum faigh clann is teaghlaichean i gun fhaighneachd.



Cùram

Mur faod clann fuireach leis na h-inbhích nan teaghlach, fuirichidh iad lem bràithrean is am peathraighean. Bidh an dachaigh sa bheil iad a' fuireach còmhla na h-àite sa bheil iad a' faireachdainn sàbhailte is gràdhaithe. Bu chòir dha a bhith na dhachaigh dhaibh cho fada is a dh'iarras iad agus a dh'fheumas iad e.



Chuala Sgrùdadadh a' Chùram bho mhòran cloinne a bha a' faireachdainn air an gràdhachadh. Ach thuirt mòran eile nach robhas a' faireachdainn gu bheileas gan gràdhachadh.

Feumaidh Alba a bhith cinnteach gum bi fios aig gach neach a tha a' coimhead às dèidh cloinne gur e as cudromaiche gràdh is cùram a thoirt dhaibh.

As bith càit a bheil clann a' fuireach, teaghlaichean traidiseanta, teaghlaichean dalta, teaghlaichean uchd-mhacachd, cùram còmhnaidheach no cùram tèarainte, bu chòir iad gràdh is cùram fhaireachdainn.



Ma thèid clann a thoirt air falbh bho an teaghlaichean, feumaidh Alba a bhith cinnteach:

gun cumar ri càraichean cloinne: Tha càraichean is sochairean laghail aig cloinn. Chan eil e an urra cloinne is teaghlaichean toirt air an luchd-taic aca a bhith eòlach air na càraichean sin. Tha e an urra luchd-cùram cloinne a bhith eòlach air na càraichean is sochairean sin agus a bhith cinnteach gun tachair iad.

nach gluais clann gu tric bho thaigh gu taigh: Chuala Sgrùdadh a' Chùram bho mhòran cloinne gun do għluais iad gu tric. Feumaidh seo stad.

Feumaidh Alba a bhith cinnteach gu bheil clann a' fuireach ann an àtichean sàbhailte is le cùram is le daoine a tha gan gràdhachadh. Cha bu chòir dha clann a bhith air an gluasad mun cuairt. Bu chòir dhaibh fuireach ann an aon àite gus am bi caraidean aca agus a dhol gun aon sgoil tron òige.

Cha bu chòir dha Alba clann a ghluasad. Tha seo glè chudromach. Ma rinn Alba a dìcheall ach gum feum leanabh gluasad, feumaidh fios a bhith aca dè a tha a' tachairt, carson a tha e a' tachairt agus cuin a thachras e. Feumaidh gu leòr tìde a thoirt dhan cloinn coinneachadh ris na daoine ùra leis am bithear a' fuireach agus fàs eòlach air an àite ùr sam bithear a' fuireach. Cha bu chòir seo tachairt ann an cabhag. Feumaidh cothrom conaltraidh a bhith aig cloinn le daoine a tha cudromach dhaibh agus a h-uile càil a thoirt leotha a dh'fheumas iad agus a tha luachmhor dhaibh.

bu chòir gum faod clann dàimhean a chumail a tha luachmhor dhaibh: Tha mòran dàimhean cudromach aig cloinn, len teaghlaich, lem bràithrean is peathraichean, le caraidean is le feadhainn leis an do dh'fhuirich iad. Tha na dàimhean sin luachmhor agus feumaidh Alba a bhith cinnteach gum faod clann conaltradh ris an fheadhainn a tha iad ag iarraidh.

feumaidh clann taic gus an eachdraidh

fhèin a thuigsinn: Nuair nach fhaod clann fuireach len teaghlaich faodaidh e a bhith duilich tuigsinn carson. Faodar a bhith tùrsach is troimhe-chèile. Feumar mòran taic a thoirt dha cloinn gus an tuig iad dè thachair is ciamar a tha e a' faireachdainn.

feumaidh clann gach cuideachadh gus ionnsachadh is fas:

Chuala Sgrùdadh a' Chùraim mu cho sònraichte is a dh'haodas sgoiltean a bhith dha cloinn agus cho cudromach is a bhios na dàimhean a bhios aca san sgoil dhaibh. Tha na dàimhean sin cudromach gus an dèan clann an dìcheall san sgoil.

Feumaidh clann na tha a dhìth orra son ionnsachadh is soirbheachadh agus taic dha na dàimhean a chuidicheas leotha soirbheachadh.

feumaidh neach a bhith aig cloinn ris an tionndaidh iad:

'S e as cudromaiche gum bi fios aig cloinn gu bheil neach a bheir càram dhaibh a' cumail taic riutha. Feumaidh fios a bhith aig cloinn gu bheil neach ann san cuir iad earbsa a chuidicheas leotha nuair a dh'fhàsas cùisean duilich. Feumaidh gach neach a bheir càram dha cloinn tuigsinn gur e an rud as cudromaiche a nì iad a bhith nan deagh charaid earbsach.




gun dèiligeard ri clann gu cothromach:

Chuala Sgrùdadh a' Chùraim bho mhòran cloinne, òigridh agus feadhainn a dh'oibricheas leotha mu dheidhinn a bhith gan ceangal. Dh'innis mòran cloinne dha Sgrùdadh a' Chùraim cho eagalach, tàmailteach, goirt is a tha ceangal.

Dh'innsear dhan Sgrùdadh mu cheangal a bhith ga chleachdadhan ann gus clann a chumail sàbhailte ach mar chronachadh.

Feumaidh Alba obair gu cruaidh gus nach ceanglar clann.

Feumaidh gach neach a dh'oibricheas le cloinn taic gus dèiligeadh ri suidhichean a dh'fhaodas a bhith duilich, ach 's tric nach eil e na chuideachadh clann a cheangal.



gun tuig clann na bhios daoine ag ràdh:

Dh'innis clann dha Sgrùdadh a' Chùraim nach toigh leotha cuid de na facail a chleachdar man deidhinn-san, man teaghlaichean agus man dachaighean. Tha na facail sin, mar 'contact' son coinneachadh rim màthair, agus 'unit' air an àite fuirich aca, gu math eadar-dhealaichte bho na facail a chleachdas càch mu theaghlaichean is dachaighean.

Bheir cainnt mar seo air cloinn a bhith a' faireachdainn dona is cha chuidich e le fèin-spèis. Feumaidh Alba sgur a chleachdadhan nam falac sin.

Dh'innis clann dha Sgrùdadh a' Chùraim gur e 'respite' (faochadh) fear de na facail a thug orra faireachdann eadar-dhealaichte. Thuit clann gun cleachdar am falac gu tric nuair a chuirear air falbh iad gus an tèid an luchd-cùraim air saor-làithean. Dh'innis clann dha Sgrùdadh a' Chùraim nach robh fios aca an-còmhnaidh càit am biodh iad a' dol no cò bhiodh a' coimhead as an dèidh.

Feumaidh Alba sgur a chleachdadhan 'respite.' Ma dh'fhalbhas clann air turas goirid, bu chòir dhaibh fhèin roghnachadh cò leis a chaitheas iad an cuid tìde. 'S e bu chòir a bhith ann ùine le annasan is spòrs còmhla ri daoine a dh'aithnicheas iad agus a chordas riutha.



gun cuidichear le cloinn a bhith fallainn

fallainn: Chuala Sgrùdadh a' Chùraim mòran mu dheidhinn droch bhuaidh air slàinte feadhainn a fhuair cùram air falbh bho an teaghlaichean.

Feumaidh Alba a bhith cinnteach gun aithnich luchd-cùraim cloinne cho riatanach ann an cùram cloinne is thae cleachdaidhean fallainn a theagasc agus atharraichean ann an slàinte a mhothachadh.

nach bi trioblaidean aig cloinn leis a'

phoileas: Is aithne dha Sgrùdadh a' Chùraim gu bheil clann le cùram air falbh bhom pàrrantan as dualtaiche coinneachadh ris a' phoileas ged nach bi iad a' déanamh càil eadar-dhealaichte bho chloinn is deugairean eile. Feumaidh sin stad.

Feumaidh gach neach a bheir cùram dha cloinn agus a bhios a' dèiligeadh riutha tuigsinn nach cuidich e le cloinn (no an coimhearsnachdan) buaireadh a dhèanamh eadar clann is poileas is cùirtean agus gun toir e droch bhuaidh orra san àm ri teachd.

gun coimheadar às dèidh cloinne à

dùthchannan eile: Chuala Sgrùdadh a' Chùraim bho chloinn a thàinig a dh'fhuireach an Alba à àitichean thall-thairis nach robh sàbhailte dhaibh. Corra uair thachair rudan uabhasach riutha is bha turas anabarrach cruaidh aca Alba a ruighinn.

Feumaidh Alba a bhith cinnteach gum faigh a' chlann sin cùram is gum faigh iad na dh'fheumas iad.

cha stad taic nuair a bhios clann

nan inbhich: Chuala Sgrùdadh a' Chùraim gum faod tighinn gu aois a bhith eagallach is aimlisgeach. Dh'innis inbhich dha Sgrùdadh a' Chùraim gun robh e mar gum biodh iad a' faotainn na bu luga de chùram le aois. Cha robhas a' faireachdainn deiseil a bhith nan inbhich no a bhith ris na gnothaichean a bhuineas do dh'inbhich.

Feumaidh gum faigh daoine òga fo chùram na h-Alba taic cho fada is a tha i a dhìth orra. Tha e nàdarra gun a bhith ag iarraidh taic airson greis agus a bhith a' cuir feum oirre a-rithist. Tha seo nàdarra ged nach do dh'iarr neach taic son bhliadhnaichean. Chan eil e gu diofar dè an aois a tha sibh no dè an taic a thathas ag iarraidh, feumaidh cuideachadh a bhith ann is fios aig inbhich ciamar a gheibh iad i.



Daoine

Tha dàimhean luachmhor. Feumaidh inbhich a bhith cinnteach gum faigh clann air fuireach faisg air an fheadhainn a tha iad ag iarraidh agus conaltradh riutha. Feumaidh inbhich clann a chuideachadh gus dàimhean ùra a thogail fhad 's a tha iad a' fàs. Feumaidh inbhich taic corra uair cuideachd. Feumaidh inbhich a tha faisg air cloinn an taic a tha a dhìth orra gus an dèan iad an dìcheall dha cloinn.

Chuala Sgrùdadh a' Chùram bho mhòran a thagh dreuchd ag obair le cloinn, òigridh is teaghlaichean oir thathas a' cur luach air daoine a chuideachadh.

Dh'innis mòran dha Sgrùdadh a' Chùram cho mòr is tha gràdh aca dhan chloinn is òigridh a tha fon cùram no leis a bheil iad ag obair, ach gu bheileas diombach is iomagaineach nuair a dh'fheuchas iad ri an rud ceart a dhèanamh is nach leig na riaghailtean leotha. Tha iad tric a' faireachdainn sàraichte.

Feumaidh Alba a bhith cinnteach gum faigh an fheadhainn a dh'oibriceas le cloinn is an teaghlaichean an taic a dh'fheumas iad gus an dèan iad an dìcheall.


Feumaidh tide cheart a bhith aca gus smaoineachadh a bheil iad a' dèanamh na h-obrach gu math agus gus bruidhinn ri daoine mun obair. Feumaidh fheadhainn a tha ag obair le cloinn fios a bhith aca gum faod iad a bhith gan giùlan fhèin gu nàdarra. Chan fheumadh iad, air chor sam bith, a bhith ro fhoirmeil. Tha clann ag iarraidh dàimhean ceart, fior a bhith aca leis an fheadhainn a tha mun cuairt orra.

Feumaidh stiùirichean a bhith cinnteach gu bheil an dol-a-mach aca mar dhol-a-mach a bhite a' sùileachadh bho dhaoine a tha faisg air cloinn is òigridh. Feumaidh stiùirichean an dìcheall a dhèanamh.

Ged a bhiodh dithis ris an aon dreuchd chan fheum iad a bhith ris an obair dìreach air an aon dòigh. Tha e riatanach gum faigh clann is teaghlaichean an taic a dh'fheumas iad as bith cò bheir dhaibh i.

Taic

Feumaidh taic is cuideachadh a bhith ann dha cloinn is an teaghlaichean uair sam bith a dh'fheumas iad. Feumaidh i a bhith ann cuideachd dha inbhich a tha faisg air cloinn is an teaghlaichean.



Tha e riatanach fios a bhith aig a h-uile duine càit an tèid iad son taic agus gu bheil i deiseil dhaibh nuair a dh'iarrar i.

Chuala Sgrùdadadh a' Chùram gum faod cùram a bhith doirbh a thuigsinn is toinnte dha daoine. Corra uair chan fhaigh clann is teaghlaichean an taic a dh'fheumas iad agus thèid iad à cuimhne. Feumaidh sin atharrachadh.

Feumaidh gach nì a bhith nas simplidh gus an tuig clann is teaghlaichean dè tha a' tachairt agus gum faigh iad na dh'fheumas iad nuair a dh'fheumas iad e.

Tha e riatanach gun èist a h-uile duine ri cloinn is teaghlaichean, le tuigse air dè tha a dhìth orra agus gun oibríchear a-mach ciamar a thachras e. Bu chòir dha na nithean a tha riatanach dha cloinn is teaghlaichean a bhith cudromach dhan luchd-cuideachaидh.



Is dè a-nis?


Dh'èist Sgrùdadh a' Chùraim gu faiceallach gus tuigsinn dè dh'fheumas atharrachadh.

Feumaidh Alba an t-atharrachadh seo a thoirt gu buil.

Dh'ullaich Sgrùdadh a' Chùraim sreath de dh'aithisgean eile gus cuideachadh leis an atharrachadh seo.

Tha am Plana a' sealltainn dha Alba ciamar a nithear cinnteach gun tachair na nithean sin.

Tha an t-Airgead a' sealltainn dha Alba ciamar a chuireas i airgead an sealbh gus an soirbhich le clann is teaghlaichean **Tha Na Riaghailtean** a' sealltainn cho toinnte is a tha riaghailtean an latha an-diugh agus dè dh'fheumas atharrachadh.



**“Fàsaidh sinn le gràdh,
sàbhailte, is le spèis gus
an coilean sinn ar làn
chomasan.”**

Rùn na h-Alba dha cloinn is òigridh